

## GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

*Is urrainn dhomh na prìomh bhuidhnean feamad ainmeachadh, agus aithnichidh mi na seòrsaichean feamad a th'air an lorg san sgìre agam fhìn:*

- Gabh cuairt chun traghaid agus lorg cho mòr seòrsaichean feamad 's as urrainn dhut.
- Faigh a-mach càite air a' chladach as fheàrr airson feamainn a lorg.
- Gabh nòt air dath agus meud na feamad, a bheil i beò no marbh, càite air a' chladach an do lorg thu i, agus an uairsin gabh dealbh.
- Rannsaich dè an ainm a th'air gach seòrsa feamad a lorg thu, agus dè am buidheann feamad dom buinn iad.

*Tha fios agam dè feum a bhathas a' dèanamh air feamainn ann an eachdraidh, agus a bhuaidh a bh' aig gnìomhachais na ceilpe air na h-Eileanan Siar:*

- Èist ri Mòr Niclèid agus an Cananach Aonghas Maccuinn air làrach lìn e-storas, agus gabh nòtaichean air am fiosrachadh a th' aca air na diofar feumalachdan a bh' aca airson feamainn.
- Rannsaich gnìomhachais na ceilpe ann an Alba agus anns na h-Eileanan Siar.
- Sgrìobh aithris mac-meanmnach leat fhèin mar phrìomh character, beò ann an teaghlach croitear a bha an sàs anns a' cheilpe ann an 1820.

*Gheibh mi air beachdachadh air na feuman a thathar a' dèanamh dha feamainn san lath' an-diugh:*

- Thèid cuairt timcheall ionad giullachd feamad air iomall baile Steòrnabhaigh.
- Faigh a-mach na prìomh stuthan ceimeagach feumail a thathar a' faighinn bho feamainn.
- Rannsaich air an eadar-lìn agus faigh a-mach mu dhèidhinn gnìomhachasan (m.e. biadh, maisean gnùise) a tha a' cleachdadh stuthan bho feamainn anns a' bhathar aca.

## CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Carson nach bi feamainn a' fàs air tràighean gainmhich?

Dè na prìomh rudan a tha thu a' faicinn eadar-dhealaichte anns na pìosan feamad a lorg thu?

Carson a bha feamainn cho feumail dha daoine anns an àm a dh'fhalbh?

Dè do bheachd air feamainn mar bhiadh?

Dè bha math/dona mu gnìomhachais na ceilpe sna Eileanan Siar?

Dè an ceangal a th' aig gnìomhachais na ceilpe ris na Fuadaichean?

Dè dhèanadh tu fèin leis na stuthan feumail a tha a' tighinn à feamainn?

## EÒLASAN IS BUILEAN

*Tro bhith a' cur an cèill gnìomhan practaigeach agus rannsachaidhean, 's urrainn dhomh sealltainn mar a tha plantrais air buannachd a thoirt don choimhearsnachd.*  
**SCN 2-02b**

*Bheir ionnsachadh anns na cuspairean sòisealta comas dhomh:*  
Cur ri mo thuigse mun t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu obair agus adhartas daonna san àm a dh'fhalbh agus san latha an-diugh

*'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a-mach mar a tha tachartasan àraidh no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h-Alba.*  
**SOC 2-03a**

*'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.*  
**SOC 2-06a**

## CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.e-storas.com/secondary.aspx/e-storas-resource.aspx?id=1361>

<http://www.ardileab.com/feamainn.aspx>

<http://www.marlin.ac.uk/species.php>

<http://www.hebrideanseaweed.co.uk/>

<http://ishgaorganicskincare.com/>

<http://www.bbc.co.uk/scotland/alba/tbh/aigcridhearciuil/facail/abhach-das/page08.shtml>

<http://www.bbc.co.uk/programmes/p02rzt7f>

